

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## **BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUR FÀILTE AIR OIFIGEAR GÀIDHLIG EALAIN AIRSON ALBA CRUTHACHAIL**

**02 An Giblean 2009**

Chuir Bòrd na Gàidhlig, a phrìomh bhuidheann poblach le dleastanas airson leasachadh na Gàidhlig, fàilte air an naidheachd bho Riaghaltas na h-Alba gu bheil a' bhuidheann ùr ealain, Alba Chruthachail, gu bhith a' stèidheachadh oifigear ealain a bhios gu sònraichte ag obair le com-pàirtichean a' lìbhrigeadh Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig.

Chaidh am fiosrachadh a dhearbhadh ann an aithris do Phàrlamaid na h-Alba nas tràithe an-diugh (Diardaoin, Giblean 2, 2009). Thuirt am Ministear airson Cultar, Mìcheal Ruiseal, gum bi a' Ghàidhlig na pàirt riatanach de dh'Alba Chruthachail agus gum biodh an dreuchd 'ga choileanadh taobh-staigh beagan mhìosan.

Thuirt Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, Art MacCarraig: "Tha Bòrd na Gàidhlig gu làidir dhen bharrail gu bheil deagh thaic do na h-ealain Ghàidhlig riatanach agus tha sinn air a bhith a' cuideachadh le grunn phròiseactan thar nam bliadhnaichean. Tha na h-ealain a' cur gu mòr ri iomhaigh na Gàidhlig, agus 's iad gu math tric an dòigh anns a bheil daoine a' ceagal ri Gàidhlig an toiseach. Tha iomadach neach air tighinn gu fileantachd tro eòlas air ealain Ghàidhlig. Tha sinn air ar misneachadh gu mòr leis an naidheachd bhon Mhinistear gum bi Gàidhlig aig cridhe na h-obrach ann an Alba Chruthachail, buidheann a dh'fhaodadh cur gu mòr ri leasachadh na Gàidhlig. Tha fiughar againn ri bhith ag obair còmhla, an dà chuid airson Plana Gàidhlig a chruthachadh agus cuideachd ann a bhith a' lìbhrigeadh Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig."

Bidh an dreuchd ùr air a cho-mhaoineachadh le Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig. Thuirt Stiùiriche Pròiseact nan Ealan Calum MacIleathain: "Tha na dh'ainmhich am Ministear mu Chomhairle Ealain na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig a bhith a' co-obrachadh air Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig na chlach-mhìle air a bheil a' cur fàilte ann a bhith ag àbhaisteachadh na Gàidhlig an Alba. Thar nam beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad tha fàs iongantach air a thighinn ann an amhaireach ealain agus cultar Gàidhlig aig an taigh agus thall-thairis.

Tha a' Ghàidhlig a-nis air a faicinn mar stòras cultarail eadar- nàiseanta agus tha Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig a' dealbh slighe air adhart às ùr an co-theacsa ri Alba Chruthachail. Tha an co-chonaltradh ùr seo a' brosnachadh bhuidhnean poblach eile

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



leithid lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus prìomh ùghdarrasan ionadail a bhith a' com-pàirteachadh.”

## Fiosrachadh

1. Anns a' chiad dol a-mach bidh Comhairle Ealain na h-Alba a' co-mhaoineachadh na h-obrach ùire seo an co-bhonn ri Bòrd na Gàidhlig. Aon uair 's gum bi Alba Chruthachail air a stèidheachadh, gabhaidh e an t-uallach airson cuibhreann an SAC.
2. 'S e Bòrd na Gàidhlig a' bhuidheann nàiseanta a' phrìomh bhuidheann poblach le dleastanas a bhith a' leasachadh na Gàidhlig: [www.bord-na-gaidhlig.org.uk](http://www.bord-na-gaidhlig.org.uk)
3. B'e, GASD a dhealbh Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig, le taic bho Pròiseact nan Ealan (PnE). 'S e PnE a tha air a bhith an urra ri raon de phròiseactan àrd-mhiannach a tha air ìomhaigh nàiseanta a thoirt dhan Ghàidhlig agus a tha air ùidh sna h-ealain Ghàidhlig a thogail gu nàiseanta agus nas fharsainghe na a' choimhearsnachd Ghàidhlig agus Alba: [www.en.gaelic-arts.com/successful-projects](http://www.en.gaelic-arts.com/successful-projects)

**Airson barrachd fiosrachaidh mu ghnòthach sam bith an luib an naidheachd seo fhèin, cuir fios gu Uisdean MacIllInnein air 0751 528 7040.**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## BÒRD NA GÀIDHLIG WELCOMES APPOINTMENT OF GAELIC ARTS OFFICER FOR CREATIVE SCOTLAND

02 April 2009

Bòrd na Gàidhlig, the principal public agency with responsibility for developing Gaelic has welcomed confirmation by the Scottish Government that Creative Scotland will support an arts officer dedicated solely to working with partners on delivery of the National Gaelic Arts Strategy.

In a statement to the Scottish Parliament this morning (Thursday, April 2), Culture Minister Michael Russell said Gaelic will be integral to the work of Creative Scotland and that the new role would be filled within the next few months.

Bòrd na Gàidhlig Chair Arthur Cormack said: “Bòrd na Gàidhlig believes that support for the Gaelic arts and culture is essential in terms of the future sustainability of the language and has supported many arts initiatives over the past few years. The arts raise the profile of the language, are often the means by which people first engage with Gaelic, and there are many examples of people who have gone on to become fluent in the language as a result. We welcome the announcement by Michael Russell today that Gaelic will be integral to the work of Creative Scotland, a body which we believe could benefit Gaelic development greatly. We look forward to working with the new body, both to develop a Gaelic Language Plan and to deliver the National Gaelic Arts Strategy.”

Pròiseact nan Ealan Director Malcolm MacLean said: “The Minister's announcement of the Scottish Arts Council and Bòrd na Gàidhlig collaborating on the National Gaelic Arts Strategy is a welcome milestone in the normalisation of Gaelic in Scotland. Over recent years there has been remarkable growth in new audiences for Gaelic arts and culture at home and abroad.

Gaelic is now seen as an international cultural asset and the National Gaelic Arts Strategy maps out a new way forward in the context of Creative Scotland. This new collaboration will also encourage the participation of other public agencies such as Highland's and Islands Enterprise and key local authorities.”

### **Background information:**

1. Initially, the Scottish Arts Council (SAC) will share equal funding responsibility for the new role with Bòrd na Gàidhlig. Once Creative Scotland is established, it will assume responsibility for SAC's share.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



2. Bòrd na Gàidhlig is the national agency responsible for Gaelic language development: [www.bord-na-gaidhlig.org.uk](http://www.bord-na-gaidhlig.org.uk)
3. The Gaelic Arts Strategic Development (GASD) forum, supported by Pròiseact nan Ealan (PnE), has developed the Gaelic Arts Strategy. PnE has been responsible for a range of ambitious projects which have given the Gaelic arts a national profile and an appeal that extends beyond the Gaelic-speaking community and beyond Scotland. :[www.en.gaelic-arts.com/successful-projects](http://www.en.gaelic-arts.com/successful-projects)

**For further information on the contents of this news release, please contact Hugh Dan MacLennan on 0751 528 7040.**